

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## COTHROM ÙR ANNS NA H-EALAIN DO DH'ÒIGRIDH UIBHIST

**25 An Dàmhair 2010**

Thèid na bùthan-obrach a leanas a thabhann do chloinn ann an S1 – S6 san àrd-sgoil: Fidheall, Piobaireachd, Òrain Ghàidhlig, Dannsa Sràid agus togail dhealbhan. Ged a bhios an tachartas air a libhrigeadh anns a' Ghàidhlig bidh fàilte chridheil ro òganach sam bith a bhios airson pàirt a ghabhail, a dh'aindheoin an cuid sgilean cànan.

Thuir Jenna Mhoireasdan, Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar airson Fèisean nan Gàidheal: “Tha sinn airson cothrom a thoirt do dh'òigridh na sgìre coinneachadh le chèile anns a' choimhearsnachd airson pàirt a ghabhail ann bùthan-obrach a tha sinn an dòchas a chòrdas riutha. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Màiri Anna Chaimbeul, Oifigear Iomairtean Cànan, Comunn na Gàidhlig agus Marion NicMhathain, Oifigear Òigridh na sgìre airson a' phròiseact seo a thoirt gu buil. Nar cuid obrach tha prìomhachas againn gus taic a chumail ris an òigridh agus a bhith gam brosnachadh ann an iomadh chuspair. Ach, tha dleastanas againn cuideachd a' Ghàidhlig a chumail beò sa choimhearsnachd agus tha e cudromach gu bheil ar cànan aig cridhe nan tachartasan a bhios sinn a cur air bhonn.”

Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh neo ma tha sibh ag iarraidh foirm-iarrtais chan eil agaibh ach fios a chur gu Marion NicMhathain air 01878 700200 neo theirig gu làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal

[www.feisean.org/naidheachdan.html](http://www.feisean.org/naidheachdan.html) <<http://www.feisean.org/naidheachdan.html>>

Bidh dìnnear ri fhaotainn an dèidh na sgoile air Dihaoine mus tòisich na clasaichean agus bidh bus ann airson an toirt dhachaigh as dèidh làimh. Thèid biadh a chur air dòigh aig àm diathad Disathairne ach feumaidh compàirtichean an siubhal aca fhèin a chur air dòigh Disathairne. --

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## NEW OPPORTUNITIES IN THE ARTS FOR UIST YOUTH

**25 October 2010**

The following workshops will be available to participants in S1 – S6 of secondary school; Bagpipes, Fiddle, Gàidhlig song, Photography and Street Dance. Although all aspects of the project will be delivered in Gaelic a warm welcome awaits anyone wishing to attend.

Jenna Morrison, Western Isles Development Officer for Fèisean nan Gàidheal said: “We would like to bring a number of young people together to share in a range of activities that we hope they will enjoy. I have had the privilege of working alongside two other Development Officers to carry this project forward - Mary Ann Campbell, Gaelic Language officer employed by Comunn na Gàidhlig and Marion Matheson, Youth Development officer for the area. As part of our remit, we aim to support young people’s development in the arts but we also recognise that through our activities, we can encourage young people to listen to and speak Gaelic to each other to help maintain the language within the community.”

For further information or an application form please contact Marion Matheson on 01878 700200 or download an application form from Fèisean nan Gàidheal’s website at [www.feisean.org/news.html](http://www.feisean.org/news.html) <<http://www.feisean.org/news.html>>

An evening meal will be provided on Friday after school and a bus will be arranged to take participants home in the evening. Lunch will also be provided on Saturday afternoon but participants are asked to make their own travel arrangements to and from Linicleit School on Saturday.